


STORYWORLDS



Ròn Alastair



Robina Beckles Willson • Diana Catchpole

Ròn Alastair



An teaca Robina Beckles Willson
Na dealbhan Diana Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Alastair ag iarraidh peata ròin.
“Tha mi ag iarraidh ròn,”
thuirt e ri Mamaidh.
“Chan fhaigh thu peata ròin,” thuirt Mamaidh.
“Nis caidil.”



Chaidil Alastair.
Chunnaic e ròn na chadal.
“Nì thu peata math dhomh,” ars
Alastair.



“Trohad còmhla rium.
Cuiridh mi dhan amar thu,”
ars Alastair. “Còrdaidh sin riut.”



Chòrd an t-amar ri Ròn.



An uair sin dh’fheuch Ròn ri snàmh.
“Sguir!” ars Alastair.
“Tha thu ro mhòr airson an amair seo.”




“Trohad còmhla riumsa, a Ròn,” ars Alastair.
“Thèid sinn dhan amar-snàimh.
Còrdaidh sin riut.”



“Greas ort a Ròn,” ars Alastair.
“Coisich nas luaithe!”



Ach cha robh Ròn math air coiseachd.
“Cuidichidh mi thu,” ars Alastair.
“Cuiridh mi dhan phram thu.”



Bha na daoine uile a' gàireachdainn mun ròn.
"Am faca sibh siud?" thuirt iad.
"Ròn ann am pram!"



Nuair a ràinig iad an t-amar-snàimh
leum Ròn dhan uisge.
Shnàmh e suas agus sìos anns an amar.
Ach chunnaic boireannach Ròn agus thuirt i,
"Tog an ròn sin às an amar agamsa!"



Shlaod Alastair Ròn às an amar
agus chuir e dhan phram e.



Dh'fhalbh iad sìos an t-sràid.
'S e là margaidh a bh' ann.



Dè bha aig a' mhargadh ach iasg?
Chunnaic Ròn an t-iasg agus
thuirt e, "Onc, onc, onc."
"An toir thu iasg dhan ròn agam?"
dh'fhaighnich Alastair.
"Bheir," thuirt an duine aig an stàile.



Ach bha Ròn ag iarraidh an èisg uile.
“Sguir! Sguir!” dh’èigh Alastair.
“Chan fhaigh thu an t-iasg uile.”



Chuir Alastair Ròn dhan phram
agus ruith e cho luath 's a b' urrdinn dha.
“Trohad,” thuirt Alastair.
“Thèid sinn dhan phàirc.
Faodaidh tu snàmh anns an lòn.”



Nuair a chunnaic Ròn an lòn
bha e ag iarraidh dhan' uisge
sa mhionaid.



Bha poll fliuch anns an lòn
agus nuair a leum Ròn, steall am poll.
SPLUIG!
Steall am poll uile air Alastair.
“Sguir!” dh’èigh Alastair.



Sa mhionaid sin dhùisg Alastair.

“Chan eil mi ag iarraidh peata ròin a-nis,”
thuirt e.

Thog e an dèideag ròin aige fhèin.

“Ach is toil leam thusa,” thuirt e.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Robina Beckles Willson 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

99
10987654

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ughdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Robina Beckles Willson a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 610 4